



## 'Illean, bithibh sunndach

Le Lachlainn MacGilleathain

Sèist

13 Rann 1

13 Rann 1

17

2 Gur mise tha gu cianail a' fàgail a' Chrianain,  
A' dol don dùthaich fhiadhaich a dh'iarraidh ar lòin às.

3 Gur mise tha fo ghruaimean a' dol a shiubhal chuantan,  
Tha 'n soitheach dubh a' gluasad gu muladach a' seòladh.

4 Tha sinn a' dol dh'Aimeireaga far nach bi càram eile oirnn,  
Cho fad 's a mhaireas coille dhuinn an Eilean Nobha Scòtia.



## **'Illean, bithibh sunndach**

'Illean, bithibh sunndach a-null air a' bhòidse,  
Fàgail ar dùthcha gun dùil ri tigh'nn beò ann.  
'Illean, bithibh sunndach a-null air a' bhòidse.

'Illean cridheil, gaolach, togaibh rithe h-aodach,  
Tha buidheann mo ghaoil-sa Diardaoin 'dol a' sheòladh.

Gur mise tha gu cianail a' fàgail a' Chríanain,  
A' dol don dùthaich fhiadhaich a dh'iarraidh ar lòin às.

Gur mise tha fo ghruaimean a' dol a shiubhal chuantan,  
Tha 'n soitheach dubh a' gluasad gu muladach a' seòladh.

Tha sinn a' dol dh'Ameireaga far nach bi càram eile oirnn,  
Cho fad 's a mhaireas coille dhuinn an Eilean Nobha Scòtia.

*Boys, be happy going over the ocean,  
Leaving our country without hope of doing well there.  
Boys, be happy going over the ocean.*

*Hearty, loving boys, hoist the sails,  
A group of my dear folk are setting sail on Thursday.*

*I am homesick leaving Crinan ,  
Going to a wild country to make a living.*

*I am in despair travelling over the ocean,  
A black ship is moving, sailing in sadness.*

*We are going to America where we will have no anxieties,  
As long as the woods last for us on the Isle of Nova Scotia.*